





Plana Gàidhlig
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid
Argyll and Bute Council
Gaelic Language Plan
2022-2026



Tha am plana seo air ullachadh fo Earrann 3 de Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 16.12.2022

CLÀR-INNSE

1	RO-RÀDH	5
2	COMHAIRLE EARRA-GHÀIDHEAL AGUS BHÒID	6
3	ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005 AGUS SGAOILEADH FIOS	7
	3.1 <i>An Achd</i>	7
	<i>Co-chomhairleachadh air dreach Plana Gàidhlig:</i>	7
	<i>Geàrr-iomradh air Gàidhlig ann an Alba</i>	7
4.0	GÀIDHLIG ANN AN EARRA-GHÀIDHEAL AGUS BÒD	8
	4.2 <i>Cleachdadh agus Ùidh ann an Gàidhlig</i>	8
	4.3 <i>Dàta Cunntas-sluaigh 2011</i>	8
	4.4 <i>Gàidhlig ann an Cosnadh</i>	8
	4.5 <i>Gàidhlig nar Sgoiltean</i>	9
5.0	IN-SGRÙDADH COMAS GÀIDHLIG	11
6	POILEASaidh GÀIDHLIG	12
	6.1 <i>Farsaingeachd</i>	11
	6.2 <i>Aithris Poileasaidh</i>	11
	6.3 <i>Prìomh-shruthadh Gàidhlig</i>	12
7.0	PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG	12
DACHAIGH AGUS TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN		12
	<i>Feallsanachd:</i>	
FOGLAM		13
	<i>Feallsanachd:</i>	
COIMHEARSNACHD		13
	<i>Feallsanachd:</i>	13
AN T-ÀITE-OBRACH	ERROR! BOOKMARK NOT DEFINED.	
	<i>Feallsanachd:</i>	14
MEADHANAN IS EALAIN; DUALCHAS IS TURASACHD		13
	<i>Feallsanachd:</i>	13
CORPAS		15
	<i>Feallsanachd:</i>	15
8.0	PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA RIAGHALTAS NA H-ALBA	14
9.0	PRÌOMHACHAS AN RIAGHALTAIS IONADAIL	15
10	LÈIRMHEAS AGUS SGRÙDADH	15
	10.1 <i>Am Plana Gàidhlig ann an Structar Corporra</i>	17
	<i>Dreuchd le dleastanas obrachail thar a' Phlana</i>	17
11	LÌBHRIGEADH A' PHLANA	17

12	ADHARTACHADH A' PHLANA.....	18
13	UALLACH A' PHLANA	18

1 Ro-ràdh

- 1.1 Tha ar Comhairle adhartach agus àrd-amasail, daonnan a' leasachadh ar dàimh le ar com-pàirtichean, luchd-dèiligidh agus cosnaichean gus dèanamh cinnteach gun libhrig sinn na seirbheisean ceart, leis na daoine as fheàrr, san dòigh as fheàrr.
- 1.2 Is e ar lèirsinn 'Tagh Earra-Ghàidheal, Gràdhaich Earra-Ghàidheal' le taic phrìomhachasan ar Plana Gàidhlig 2022-2026, a tha air an roinn le Riaghaltas na h-Alba.
 - (a) Adhartachadh ìomhaigh dhearbhadh don Ghàidhlig
 - (b) Meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig
 - (c) Meudachadh cleachdadh na Gàidhlig
- 1.3 Tha sinn a' tuigsinn an àite a tha Gàidhlig air a choileanadh ann an eachdraidh Earra-Ghàidheal is Bòd, agus tha sinn a' leantainn ag adhartachadh a' chàin 's a cultar do ar coimhearsnachdan agus a' toirt spèis co-ionann don Ghàidhlig.
- 1.4 Tha sinn dealasach a thaobh dèanamh cinnteach gu bheil a' Chomhairle a' gèilleadh do a dleastanasan fo Achd na Gàidhlig agus fon Achd Foghlam Gàidhlig, agus gus seo a choileanadh, leanaidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil seirbheisean Gàidhlig rim faotainn leis a' phoball ann an sgìre an ùghdarrais.
- 1.5 Tha sinn moiteil a bhith mar aon de na h-ùghdarrasan ionadail a tha gu cunbhalach a' toirt aoigheachd don Mhòd Nàiseanta Rìoghail. Chaidh a' chiad Mhòd a-riamh a chumail san Òban ann an 1892 agus tha e air fàs bhon uair sin gu bhith na prìomh fhèis bhliadhnail a' tarraing luchd-tadhail bho air feadh Alba agus bho air feadh an t-saoghail. Tha na buannachdan eaconamach a tha a' tighinn bho thachartas ann an Earra-Ghàidheal leis a leithid de dh'ìomhaigh àrd, di-beathte le ar coimhearsnachdan agus a' follaiseachadh na dàimh làidir a tha aig Earra-Ghàidheal is Bòd le cànan, cultar agus eachdraidh na Gàidhlig.
- 1.6 Tha sinn a' tuigsinn cho cudromach 's a tha Gàidhlig nar coimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh gu cunbhalach.
- 1.7 Tha am Plana Gàidhlig seo a' toirt iomradh air mar a bhios a' Chomhairle, ann an com-pàirteachas le buidhnean eile, a' coileanadh ar riatanasan a thaobh libhrigeadh a rèir Achd na Gàidhlig agus dèanamh cinnteach gum bi àm teachdail cinnteach don Ghàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.

An Comhairliche Robin Currie
Stiùiriche na Comhairle

Pippa Milne
Àrd-Oifigear

2 Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid

- 2.1 Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid mar aon de 32 ùghdarras ionadail aonadach ann an Alba. Tha dleastanas na Comhairle a' gabhail a-steach foghlam, stiùireadh sgudail, rathaidean, cidheachan, aiseagan is puirt-adhair, planadh agus smachd togail, fàs eaconamach, taigheadas ro-innleachdail, planadh coimhearsnachd, slàinte àrainneachdail agus mòran eile.
- 2.2 Is e Earra-Ghàidheal is Bòd an dàrna comhairle as motha den 32 comhairle ann an Alba ach a thaobh àireamh-sluaigh, tha e san 27mh àite. B' e 88166¹ an tuairmse àireamh-sluaigh bho chunntas-sluaigh 2011. Tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' còmhach faisg air 10% de dh'Alba ach tha nas lugha na 2% den àireamh-sluaigh ann. Tha còrr air 80% den àireamh-sluaigh againn a' fuireach taobh a-staigh 1km bhon chosta.
- 2.3 Bho Apainn sa cheann a Tuath gu Ceann Loch Chille Chiarain sa cheann a Deas, tha Earra-Ghàidheal is Bòd a' sìneadh airson 100 mìle agus bho Thiriodh san taobh an Iar agus Bail' Eilidh san taobh an Ear, tha e a' sìneadh airson 80 mìle. Tha 23 de dh'eileanan Earra-Ghàidheal is Bhòid le luchd-còmhnaidh agus tha 17.1% den luchd-còmhnaidh sna h-eileanan². Tha eileanan a' dèanamh suas trian de fharsaingeachd iomlan Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- 2.4 Gus a dhleastanasan a choileanadh mar ùghdarras ionadail, tha Earra-Ghàidheal is Bòd ag obrachadh dà roinn: Seirbheisean Luchd-ceannach, Leasachadh is Bun-structar agus Aonad an Àrd-Oifigeir. Tha a' Chomhairle cuideachd na prìomh chom-pàirtiche den Cho-Bhòrd Amalaichte airson Slàinte agus Cùram Sòisealta ann an Earra-Ghàidheal is Bòd. Tha a' Chomhairle a' fastadh còrr air 5000 neach-obrach a tha stèidhichte ann an còrr air 150 diofar làrach air feadh na sgìre.
- 2.5 Tha ceithir raointean rianachd taobh a-staigh na Comhairle: Meadhan Earra-Ghàidheal, Cinn Tìre 's na h-Eileanan, An t-Òban, Latharna 's na h-Eileanan, Bòd agus Comhghall, Bail' Eilidh agus Laomainn.
- 2.6 A' dèanamh suas rèiteachaidhean poilitigeach na Comhairle, tha:
 - a) Comhairle iomlan de 36 buill thaghte a' còmhach 11 uàrdan ioma-bhall
 - b) Comataidhean Sgìreil do na 4 raointean rianachd taobh a-staigh Earra-Ghàidheal is Bòd
 - c) Comataidhean Ro-innleachdail do Sheirbheisean Coimhearsnachd, Eaconamaidh, Leasachadh is Bun-structar, Poileasaidh is Goireasan, Planadh, Seirbheisean Dìon is Ceadachd.

- 2.7 Tha a' Chomhairle cuideachd ag obair gu dlùth le com-pàirtichean Planaidh Coimhearsnachd gus Plana Leasachaidh Bhuilean Earra-Ghàidheal is Bhòid a libhrigeadh.

3 Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Sgaoileadh Fios

3.1 An Achd

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a chuir an gnìomh le Pàrlamaid na h-Alba le amas air tèarainteachd fhaotainn do dh'inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, ag àithneadh spèis co-ionann ri Beurla.

Is e aon de phrìomh fheartan na h-Achd 2005, solar a tha a' comasachadh do Bhòrd na Gàidhlig riatanas a chur air ùghdarras poblach gu Plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-solar seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' coileanadh am pàirt ann an cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig, le bhith ag àrdachadh inbhe agus iomhaigh a' chànan agus a' cruthachadh chothroman dèanadach airson sin a dhèanamh.

Is e am pàipear seo Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid, a tha air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a bhios sinn a' cleachdadh Gàidhlig ann an coileanadh ar dleastanasan, mar a chomasaicheas sinn cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh le prìomh chom-pàirtichean agus poblach, agus mar a dh'adhartaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Tha Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid air ullachadh ann an co-rèir ri slatan-tomhais reachdail mar a tha mìnichte ann an Achd 2005, a' gabhail aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

Thèid Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta, a' leantainn air co-chomhairleachadh ro dheireadh a' Ghiblein 2018.

Co-chomhairleachadh air an dreach Plana Gàidhlig

Tha Achd 2005 ga dhèanamh riatanach do bhuidhnean poblach an ullachadh air Plana Gàidhlig a thoirt gu aire phàrtaidhean uile le ùidh. Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' co-chomhairleachadh gu poblach air a' Phlana Gàidhlig agus a' gabhail cunntas do riochdachaidhean a chaidh a dhèanamh rè a' phròiseis cho-chomhairleachaidh.

Geàrr-iomradh air Gàidhlig ann an Alba

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt amalichte de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarach na h-Alba. Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid dealasach a thaobh nan cinn-uidhe a tha mìnichte ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus air na structaran is iomairtean riatanach a chur nan àite, gus dèanamh cinnteach gu bheil àm teachdail seasmhach aig Gàidhlig ann an Alba.

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil suidheachadh na Gàidhlig glè chugallach agus ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheothachadh mar chànan beò ann an Alba, tha oidhirp cho-òrdanaichte riatanach leis an riaghaltas, na roinnean poblach is prìobhaideach, buidhnean coimhearsnachd agus luchd-labhairt fa leth, air:

- Inbhe na Gàidhlig àrdachadh;
- Togail agus cleachdadh na Gàidhlig adhartachadh;
- Cleachdadh meudaichte air Gàidhlig a bhrosnachadh.

4.0 Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal agus Bòd

4.1 Gu h-eachdraidheil, is e Earra-Ghàidheal buille-cridhe na Gàidhlig ann an Alba. Tha a' Ghàidhlig air a bhith ga labhairt ann an Earra-Ghàidheal bho thimcheall air a' 5^{mh} linn agus b' i a' Ghàidhlig an cànan coitcheann ann an rioghachd Dhail Riata bhon àm a stèidhich tuineachas Èireannach Gàidhlig iad fhèin mar na ciad Albannaich, agus bha na rìghrean air an coisrigeadh aig Cnoc Dhùn Ada. Tro ar n-eachdraidh, tha an cànan air a bhith na phrìomh eileamaid ann an leasachadh mòran taobhan de chultar na h-Alba.

4.2 Cleachdadh agus Ùidh ann an Gàidhlig

Tha coimhearsnachdan ann an Earra-Ghàidheal is Bòd far a bheil a' Ghàidhlig gu mòr na pàirt fhathast den bheatha làitheil. Air eileanan leithid Tiriodh agus Ìle, tha a' Ghàidhlig air a labhairt fad' is farsaing sa choimhearsnachd a' cumail nan dualchainntean is briathrachas ionadail. Tha ùidh ann an ionnsachadh Gàidhlig agus tha na buannachdan an lùib foghlaim dà-chànanach aithnichte gu farsaing, tha ùidh ann an ceòl is cultar na Gàidhlig air meudachadh gu cudromach, a' toradh ann am fàs agus ùidh ath-ùraichte ann an Gàidhlig agus tachartasan, gu h-àraid am measg dhaoine nas òige. Tha meudachadh air a thighinn ann an ùidh a thaobh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, aig am bi buaidh air àireamhan cunntas-sluaigh san àm ri teachd. Ach tha Gàidhlig gu h-iomlan air a bhith a' crìonadh tarsainn Earra-Ghàidheal is Bòd thar nam bliadhnaichean, agus tha an dàta gu h-ìosal a' taisbeanadh a' chrìonaidh ann an àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig eadar cunntas-sluaigh 1991 agus cunntas-sluaigh 2001. Tha àireamh de dh'adhbharan airson seo, a' gabhail a-steach in-imrich air sluaigh gun Ghàidhlig agus luchd-labhairt Gàidhlig nas sine a' lùghdachadh ann an àireamhan.

4.3 Dàta Cunntas-sluaigh 2011

4.3.1 Tha an dàta a leanas bho Chunntas-sluaigh 2011 far an deach 4 cheistean fhaighneachd do mhuinntir na h-Alba mun Ghàidhlig – eadar gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh.

4.3.2 Ann an Earra-Ghàidheal mar a tha ann an Alba, ann am farsaingeachd, thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig eadar 2001 agus 2011. Thuit an àireamh de luchd-labhairt Gàidhlig ann an Earra-Ghàidheal is Bòd còrr air 15% aig an àm seo. Bidh sinn a' cumail sùil air toraidhean suirbhidh 2022.

4.3.3 De dhaoine aois 3 agus barrachd, bha beagan de chomas ann an Gàidhlig aig faisg air 6% ann an 2011. Dhiubh sin, thuir 4.3% gum b' urrainn dhaibh an cànan a labhairt, a leughadh no a sgrìobhadh.

4.4 Gàidhlig ann an Cosnadh

4.4.1 Tha àireamh de dhreuchdan aig Earra-Ghàidheal is Bòd far a bheil Gàidhlig riatanach no ion-mhiannaichte. Tha a' mhòr-chuid de na dreuchdan sin taobh a-staigh seirbheis an Fhoghlaim agus gu h-àraid nar sgoiltean. Tha dreuchdan far a bheil Gàidhlig riatanach mar sgil a' gabhail a-steach Cùram-chloinne agus Obraiche Foghlaim Gàidhlig, Neach-taic Gàidhlig, Tidsear Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, Prìomh Thidsear Foghlaim tro Mheadhan na Gàidhlig, Tidsear Gàidhlig (àrd-sgoiltean), Oifigear Foghlaim – Gàidhlig. Tha dreuchdan sa bheil Gàidhlig ion-mhiannaichte a' gabhail a-steach Ceannard tro Mheadhan na Gàidhlig, Prìomh Thidsearan Chànanan san Àrd-Sgoil agus Ceannardan Àrd-Sgoiltean. A thuilleadh air sin, tha luchd-obrach ro-chòig air am fastadh ann an aonadan ro aois a còig tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha clasaichean Gàidhlig gan tabhann don bhuidheann luchd-obrach fharsaing gus taic a chur ri an tuigse don chànan agus seirbheis chustamairean a leasachadh far am faod eòlas air Gàidhlig a bhith na bhuannachd.

4.4.2 Tha Ionad Gàidhlig aig a' Chomhairle san Òban leis an ainm 'Furan'. Tha Rianadair san ionad a tha fileanta ann an Gàidhlig agus tha Furan na Mòr-ionad airson an cànan ionnsachadh mar phàirt de chlasaichean structaraichte do dh'inbhich, do phàrantan agus do chlann, ach cuideachd mar Ionad do luchd-tadhail a tha airson faighinn a-mach mun chànan agus beagan fhacail is abairtean ionnsachadh. Tha Ionad Furan a' libhrigeadh àireamh de sheiseanan Gàidhlig a tha a' gabhail a-steach:

- Bookbug – Tha mu 16 teaghlach a' frithealadh gach seachdain.
- Fealla-dha Furan – Seisean teaghlach 45 mionaidean le òrain, rannan, agus sgeulachdan, le aoigheachd bho Pìdheid, a' phioghaid aig a bheil Gàidhlig.
- Leugh Leabhar – Club leabhraichean ag amas air clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.
- Buidheann Còmhradh Furan – Buidheann neo-fhoirmeil an-asgaidh do dhaoine de gach ìre agus fileantachd ann an Gàidhlig.
- Parant is Pàiste – Buidheann phàrant/luchd-cùraim agus phàistean.
- Gàidhlig do Phàrantan – Ag amas air pàrantan le clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig gus diofar fhacail agus abairtean ionnsachadh a tha freagarrach airson còmhradh le an cuid chloinne san dachaigh.
- Buidheann Speaking our Language – Measgachadh de chòmhradh socair agus neo-fhoirmeil le suas ri 5 inbhich, air a leantainn le ionnsachadh nas structaraichte a' cleachdadh goireasan "Speaking our Language".

Tha seiseanan Gàidhlig gan libhrigeadh cuideachd taobh a-muigh an Ionaid, le Rianadair Furan, a tha a' gabhail a-steach:

- Taic do sgoiltean – Ag obair le luchd-obrach teagasg Gàidhlig agus sgoilearan ann an roinn Meadhan na Gàidhlig agus far a bheil Gàidhlig mar Cànan 2 agus air a theagasg do sgoilearan Meadhan na Beurla bho P1.
- Cèilidh Lynn Court – Cèilidh a tha gu math fèillmhor gach ceala-deug do shaoranaich nas sine taobh a-staigh an dachaigh cùrain.
- Tha àireamh de thachartasan Fèise a’ gabhail àite tron bhliadhna.

Tha an t-Ionad air geàrr-liosta nan Duaisean Gàidhlig Nàiseanta agus a’ fàs ann an soirbheachadh agus buaidh.

4.5 Gàidhlig nar Sgoiltean

- 4.5.1 Tha sia bun-sgoiltean gu làithreach (Bogha Mòr, Achadh na Creige, An t-Sàilean, Taigh a’ Chladaich, Srath na h-Apainn agus Bun Easain) san ùghdarras ionadail a tha a’ tabhann cothrom air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an clàr sgoile sna sgoiltean a tha a’ tabhann foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air a thaisbeanadh gu h-ìosal.

An t-Òban is Latharna

Tha Bun-sgoil Achadh na Creige a’ solarachadh foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho aois 3. Tha roinn Ghàidhlig ann an Àrd-Sgoil an Òbain a tha a’ lìbhrigeadh slighe do fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh.

Tha Bun-sgoil Shrath na h-Apainn a’ lìbhrigeadh foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho P1-P7.

Dùn Omhain

Tha Ionad Tràth-Ionnsachaidh Gàidhlig ann am Bun-sgoil Thaigh a’ Chladaich (Sgoil-Araich). Tha slighe aig roinn na Gàidhlig ann an Àrd-Sgoil Dhùn Omhain do dh’fhileantaich.

Muile

Tha Bun-sgoil an t-Sàilein a’ solarachadh foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho aois 3 bliadhna. Tha slighe fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh ann an roinn Ghàidhlig Àrd-Sgoil Thobair Mhoire. Tha Bun-sgoil Bhun Easain a’ solarachadh foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho P1-P7. Tha Obraiche Cùram-chloinne is Foghlaim a’ lìbhrigeadh in-chur dà-chànanach do chlann san Ionad Tràth-Ionnsachaidh ann am Bun Easain.

Tiriodh

Tha Bun-sgoil / Àrd-Sgoil Thiriodh a’ solarachadh foghlam Gàidhlig bho aois 3 – 18 bliadhna.

Ìle

Tha Bun-sgoil Bhogha Mòr a’ solarachadh foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig bho aois 3 bliadhna. Tha slighe luchd-ionnsachaidh agus fhileantaich ann an Àrd-Sgoil Ìle.

- 4.5.2 Tha 2121 sgoilear ag ionnsachadh Gàidhlig mar L2 no L3 nar bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean. Tha 58 neach-cloinne sna sgoiltean-àraich, 243 ann am foghlam bun-sgoile tro Mheadhan na Gàidhlig agus 98 sgoilearan tro Mheadhan na Gàidhlig san àrd-sgoil.

- 4.5.3 Gu làithreach, tha ceithir àrd-sgoiltean a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) agus Gàidhlig gu Àrd-Ire Adhartach – Àrd-Sgoil Ìle, Àrd-Sgoil an Òbain, Àrd-Sgoil Thobair Mhoire agus Àrd-Sgoil Thiriodh. Tha slighe Ghàidhlig (Fileanta) ann an Àrd-Sgoil Dhùn Omhain bho ÀS1 gu ÀS6.
- 4.5.4 Is e 18.58 an àireamh de Thidsearan Gàidhlig FTE taobh a-staigh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Is e 2.60 an àireamh de Thidsearan Gàidhlig FTE san Àrd-Sgoil. Tha dreuchdan falamh fhathast rin lionadh san Òban agus Ìle.

5.0 In-sgrùdadh air Comas Gàidhlig

Choilean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid measadh air comas Gàidhlig a tha an làthair air an taobh a-staigh, mar phàirt den ullachadh air a' Phlana Ghàidhlig seo agus com-pàirt nas fharsainghe chosnaichean. Chaidh beachdachadh air toraidhean an sgrùdaidh seo ann an leasachadh ghealltasan sa Phlana.

Chaidh na toraidhean a leanas a chlàradh:

- 13% de luchd-freagairt na suirbhidh ag ràdh gun urrainn dhaibh conaltradh ann an Gàidhlig.
- 48% de luchd-freagairt a' faireachdainn gum faodadh a' Ghàidhlig a meudachadh taobh a-staigh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.
- 31% de luchd-freagairt airson Gàidhlig ionnsachadh no an cuid Gàidhlig a leasachadh.
- 3% toilichte leis an ìre làithreach de fhileantachd.
- 21% aig a bheil ùidh ann am beannachdan no abairtean sìmplidh Gàidhlig ionnsachadh airson an cleachdadh le luchd-dèiligidh.
- 12% airson fileantachd labhairte fhaotainn no am misneachd ann an an conaltradh Gàidhlig a leasachadh.
- 10% airson leughadh agus sgrìobhadh ionnsachadh no a leasachadh.

Tha solar chlasaichean ionnsachaidh cànan rim faotainn le cosnaichean na Comhairle. Tha com-pàirtichean nan clasaichean air feadh gach roinn agus làrach den Chomhairle. Tro bheatha a' Phlana, leanaidh sinn a' conaltradh le luchd-obrach mu an ionnsachadh agus atharrachaidh sinn sin a rèir an iarrtasan. Tha seòlaidhean puist-d agus cairtean gnothachais dà-chànanach aig Oifigearan agus Buill Thaghte, far a bheil sin iomchaidh.

Is e suidheachadh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a thaobh soidhnichean uile air an taobh a-muigh, iad sin ionadachadh le soidhnichean dà-chànanach. Tha sinn a' gabhail comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA).

Tha a' Chomhairle a' cumail coinneamh Buidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig gach ràithe, agus tha cuspair na Gàidhlig air aithris air adhart air bhunait chunbhalach chun na Comataidh Sheirbheisean Coimhearsnachd.

Tha a' Chomhairle a' cleachdadh sholaraidhean air an taobh a-muigh airson seirbheisean eadar-theangachaidh.

6 Poileasaidh Gàidhlig

6.1 Farsaingeachd

- a) Tha am plana seo a' beantainn do chosnaichean agus buill thaghte uile Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Is e an rùn iomlan, àrainneachd obrach a chruthachadh far a bheil cànan is cultar na Gàidhlig faicsinneach agus air an adhartachadh taobh a-staigh na Comhairle agus air an taobh a-muigh air feadh ar coimhearsnachdan. Tha am Plana a' togail air an obair a tha a' Chomhairle air a ghabhail os làimh san àm a dh'fhalbh ann am buileachadh ar Planaichean Gàidhlig, ag adhartachadh Foghlam Gàidhlig agus a' tuigsinn bhuanachdan an lùib ionnsachadh dà-chànanach.

6.2 Aithris Poileasaidh

- b) Is e poileasaidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid, an raon de sheirbheisean agus de ghoireasan Gàidhlig adhartachadh, a tha rim faotainn le luchd-cleachdaidh ar seirbheisean.
- c) Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil am prionnsapal, air a thoirt a-steach le Plana Nàiseanta na Gàidhlig gum bi spèis co-ionann ga thoirt do na cànanan Gàidhlig is Beurla, air a chur an gnìomh tarsainn ar seirbheisean uile.
- d) Tha sinn dealasach a thaobh foghlam, cànan, gnìomhachdan cultarach is eaconamach Gàidhlig adhartachadh tro thogail mothachadh don Ghàidhlig agus tro chothroman ionnsachaidh cunbhalach do chlann, cosnaichean agus ar coimhearsnachdan.
- e) Tha sinn ag amas air an àireamh de luchd-ionnsachaidh Gàidhlig a mheudachadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus faicsinneachd na Gàidhlig adhartachadh ann an Earra-Ghàidheal is Bòd.
- f) Obraichidh sinn le pàrantan agus luchd-cùraim chloinne sna sgoiltean Gàidhlig gus riatanasan a' Phlana Nàiseanta a choileanadh.
- g) Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil cruthachadh, ath-ùrachadh agus sgrùdadh phoileasaidhean ann an co-rèir ris a' Phlana Gàidhlig.

6.3 Prìomh-shruthadh Gàidhlig

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gum bi na diofar raointean prìomhachais air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig, air am buileachadh sa chiad àite tro ar

Plana Gàidhlig, ach gum bi cothroman a' tighinn am bàrr airson an cànan adhartachadh agus a leasachadh tro thomhsan poileasaidh a th' ann mar-thà. Bidh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' coimhead ri raointean poileasaidh a chomharrachadh far am faodar Gàidhlig a ghabhail a-steach gu for-ghnìomhach còmhla ri prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha am Plana Gnìomha a' togail air na gnìomhachdan a tha a' Chomhairle air a phrìomh-shruthadh mar-thà a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo mar a bhith ann an co-rèir ris a' phrionnsapal àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a ghabhail a-steach mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba.

7.0 Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha dà amas aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

- Meudachadh Cleachdadh na Gàidhlig
- Meudachadh Ionnsachadh na Gàidhlig

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid dealasach a thaobh taic a thoirt do libhrigeadh a' Phlana Nàiseanta, agus san earrann seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

Dachaigh agus Tràth-Bhliadhnaichean

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig ag iarraidh barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus gum feum aire a chuimseachadh air foghlam agus ionnsachadh inbheach mar na prìomh mheadhanan air seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus cuideachadh le àrainneachd thaiceil a chruthachadh airson na h-àireimh de luchd-labhairt Gàidhlig fhàs ann an Alba.

- Togail mothachadh don chudromachd a bhith a' togail Gàidhlig agus a' brosnachadh phàrantan gu foghlam Gàidhlig a thaghadh do an cuid chloinne.
- Dèanamh cinnteach gu bheil taic dèantach, goireasan agus comhairle ri fhaotainn airson Gàidhlig aiseag don chloinn san dachaigh agus ann am foghlam Gàidhlig tràth-bhliadhnaichean.
- Comasachadh do cheanglaichean a bhith air an neartachadh eadar cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh agus solar tràth-bhliadhnaichean Gàidhlig.

Foghlam

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil feum aig cruthachadh àm teachdail seasmhach don Ghàidhlig air, chan e a-mhàin meudachadh air an àireamh de dhaoine le comas air a' chànan a labhairt, ach meudachadh air a cleachdadh. Tha sinn a' tuigsinn cudromachd a

bhith a' comasachadh barrachd dhaoine air Gàidhlig a chleachdadh mar am modh conaltraidh àbhaisteach as fheàrr leotha, ann an raon a tha a' sìor fhàs de ghnìomhachdan làitheil.

- Coileanadh iomairtean gus an dà chuid GME agus GLE adhartachadh, a stèidheachadh agus a leudachadh aig ìrean bun-sgoile agus àrd-sgoile.
- Dèanamh cinnteach gu bheil aire gu leòr ga thoirt do thrusadh, gleidheadh, foghlam, taic agus leasachadh thidsearan GME agus GLE.
- Solarachadh raon de ghnìomhachdan do dhaoine òga san dà chuid GME agus GLE gus a dhol an sàs ann an gnìomhachdan a tha ag àrdachadh an sgilean Gàidhlig tro cleachdadh nas motha.
- Dèanamh cinnteach gu bheil ceumannan gan gabhail gus càileachd an dà chuid GME agus GLE ga ghleidheadh tro Stiùireadh Nàiseanta agus dòighean eile.
- Cur taic ri agus gabhail com-pàirt ann an raon de chothroman ionnsachaidh Gàidhlig do dh'inbhich.
- Faotainn ghoireasan airson taic a chur ri inbhich ag ionnsachadh Gàidhlig.

Coimhearsnachd

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn gu bheil inbhe a' chànain fo bhuidh a làthaireachd san àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, air a luachadh agus air a faicinn a bhith air a luachadh leis na h-institiùdan sin, aig a bheil àite cudromach nar beatha làitheil.

- Brosnachadh taic do dh'iomairtean a tha ag adhartachadh cleachdadh na Gàidhlig am measg gach seòrsa coimhearsnachd de luchd-labhairt.
- Brosnachadh taic do shuidheachaidhean far an gabh Gàidhlig a cleachdadh gu neo-fhoirmeil le daoine òga agus luchd-ionnsachaidh inbheach.

An t-Àite-obrach

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn an fheum air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, agus cudromachd a bhith a' furastachadh eadar-theangachadh.

- Cur taic ri seasamh dearbhach a thaobh Gàidhlig san àite-obrach tro thogail mothachaidh agus soidhnichean.
- Faotainn maoinachadh gus cothroman a chomasachadh do luchd-obrach air Gàidhlig ionnsachadh agus do luchd-labhairt an sgilean cànan a leasachadh.

Meadhanan is Ealain; Dualchas is Turasachd

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn an fheum air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh.

- Brosnachadh adhartachadh air faicsinneachd is cluinntinneachd na Gàidhlig mar phàirt gun choimeas de dhualchas na h-Alba.
- Brosnachadh meudachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig ann an roinnean dualchais is turasachd.
- Brosnachadh aithne iomchaidh don Ghàidhlig agus do a cleachdadh ann an àiteachan de dh'ùidh shònraichte agus ann an adhartachadh thachartasan nàiseanta.

Corpas

Feallsanachd:

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid a' tuigsinn an fheum air buntainneas agus cunbhalachd na Gàidhlig a neartachadh, agus cudromachd a bhith a' furastachadh eadar-theangachadh.

- Co-òrdanachadh air raon de dh'iomairtean co-cheangailte ri cànan tro thaic don Bhuidheann Stiùiridh Poileasaidh Gàidhlig.
- Dèanamh cinnteach à cothrom iomchaidh air eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh is goireasan Gàidhlig rim faotainn le cosnaichean.

8.0 Prìomhachasan Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig dealasach a thaobh nan Cinn-uidhe Ro-innleachdail a choileanadh mar a tha stèidhichte le Riaghaltas na h-Alba, agus air dòighean a chomharrachadh sa bheil Plana Nàiseanta na Gàidhlig ag amas air dèiligeadh ri Builean Nàiseanta na h-Alba.

Raon Leasachaidh	#	Aithris Buil Nàiseanta
Corpas Foghlaim Dachaigh is Tràth- Bhliadhnaichean	5	Tha an cothrom as fheàrr aig ar cloinn nam beatha agus tha iad deiseil arson soirbheachadh.
	4	Tha ar daoine òga nan luchd-ionnsachaidh soirbheachail, nam pearsachan misneachail, nan tabhartaichean èifeachdach agus nan saoranaich chunntachail.
	3	Tha sinn nas fhoghlamaichte, nas sgileil agus nas soirbheachail, le cliù airson ar rannsachaidh agus ùr-ghnàthachais.
Coimhearsnachdan Àite-obrach	11	Tha coimhearsnachdan làidir, fulangach agus taiceil againn far a bheil daoine a' gabhail uallach airson an gnìomhan fhèin agus am buaidh air càch.
	2	Tha sinn a' ruighinn ar làn chomas eaconamach le cothroman cosnaidh nas motha agus nas fheàrr do ar daoine.
	6	Tha ar beatha nas fhaide agus nas fhallaine.

Ealain is Meadhanan Dualchas is Turasachd	13	Tha sinn moiteil à dearbh-aithne nàiseanta a tha làidir, cothromach agus in-ghabhalach.
Am plana iomlan	16	Tha ar seirbheisean poblach àrd-chàileachdail, a' leasachadh gu cunbhalach, èifeachdach agus freagairteach do fheumalachdan muinntir na coimhearsnachd.
	7	Tha sinn air dèiligeadh ri neo-ionannachdan cudromach ann an comann sòisealta na h-Alba.

9.0 Prìomhachasan an Riaghaltais Ionadail

Tha Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid ag obair gu dlùth ann an com-pàirteachas le Com-pàirteachas Planaidh Coimhearsnachd Earra-Ghàidheal is Bhòid, gus libhrigeadh air a' cheann-uidhe ABOIP iomlan:

Tha Soirbheachas Eaconamach Earra-Ghàidheal is Bhòid air a thogail air Àireamh-sluaigh a' Meudachadh

Tha sia co-bhuilean an làthair a tha air an roinn ann am Plana Corporra na Comhairle:

- Tha an eaconamaidh eadar-mheasgte agus a' soirbheachadh.
- Tha bun-structar againn a tha a' cur taic ri fàs seasmhach.
- Foghlam, sgilean agus trèanadh ag àrdachadh chothroman do na h-uile.
- Tha an toiseach tòiseachaidh as fheàrr a ghabhas aig clann agus daoine òga.
- Tha beatha aig daoine a tha gnìomhach, nas fhallaine agus neo-eisimeileach.
- Tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan nas sàbhailte agus nas làidire.

Tha am Plana Gàidhlig a' co-thaobhadh dìreach le libhrigeadh air na builean sin. Thèid an ABOIP ath-sgrùdadh a-rithist ann an 2024.

10 Lèirmheas agus Sgrùdadh

Thèid am plana a sgrùdadh gu cunbhalach le Comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd. Tha e cudromach gabhail ris gu bheil am plana cànan a' fuireach freagarrach agus sùbailte do na prìomhachasan a tha mìnichichte leis a' Chomhairle, gu h-àraid nuair a dh'fhaodas suidheachaidhean atharrachadh.

10.1 Am Plana Gàidhlig anns an Structar Chorporra

Is e am plana seo poileasaidh Earra-Ghàidheal is Bhòid a tha air aontachadh leis an dà chuid ar n-àrd-sgioba stiùiridh agus buill na Comhairle.

Dreuchd le dleastanas obrachail thar a' Phlana

Is e an t-àrd-oifigear le uallach obrachail airson stiùireadh air ullachadh is sgrùdadh Plana Gàidhlig Earra-Ghàidheal is Bhòid:

Jane Fowler
Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach
Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bhòid
Cille Mhoire
Ceann Loch Gilb
PA31 8RT

01546 604466
jane.fowler@argyll-bute.gov.uk

- 10.1.1 Tha uallach iomlan a' phlana air an Àrd-Oifigear agus an Stiùiriche Poileasaidh do Choimhearsnachdan, Taigheadas, Eileanan is Gàidhlig.
- 10.1.2 Is e Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach an t-àrd-oifigear le dleastanas obrachail airson ullachadh is sgrùdadh a' phlana a stiùireadh. Tha libhrigeadh air gnìomhan fa leth sa phlana na dhleastanas air an oifigear ainmichte.
- 10.1.3 Bu chòir do cheistean mu obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a bhith air an conaltradh gu gaelic@argyll-bute.gov.uk agus air an co-òrdanachadh le Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.

11 Libhrigeadh agus Goireasachadh a' Phlana

- 11.1 Tha Seirbheisean Taic Luchd-ceannach a' stiùireadh an ullachaidh agus an sgrùdaidh air a' Phlana Ghàidhlig. Tha dleastanas air oifigearan tarsainn seirbheisean na Comhairle airson libhrigeadh air an gnìomhan fhèin.
- 11.2 Bheir oifigearan stiùiridh aithisgean ùr-fhiosrachaidh chunbhalach do Cheannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach, Stiùiriche Poileasaidh agus Comataidh nan Seirbheisean Coimhearsnachd tron sgrùdadh air a' phlana.
- 11.3 Thèid am plana a bhuileachadh le bhith a' cleachdadh ghoireasan làithreach, a' toirt aire don t-suidheachadh ionmhasail dùbhlach a tha an làthair fa chomhair na Comhairle. Leanaidh a' Chomhairle a' sireadh taic ionmhasail air an taobh a-muigh bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba airson tasgadh ann am foghlam, cànan, cultar agus an eaconamaidh Ghàidhlig, gus am plana a libhrigeadh.
- 11.4 Tha a' Chomhairle a' gabhail ris gu bheil dàimh obrach làidir le buidhnean eile a tha ag obair ann an Earra-Ghàidheal is Bòd agus a' libhrigeadh sheirbheisean tro Ghàidhlig,

deatamach do fhàs ann an Gàidhlig a chumail suas ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, a' cur taic ri buileachadh èifeachdach air ar plana, mar sin a' cruthachadh tuilleadh chothroman don Ghàidhlig a bhith air a cleachdadh.

12 Adhartachadh a' Phlana

- 12.1 Bidh am plana air adhartachadh gu cosnaichean agus buill thaghte uile tro chleachdadh air an làraich-lìn, 'Am Mòr-Ionad' – a tha mar eadra-lìon an luchd-obrach, Cascade agus litrichean naidheachd.
- 12.2 Air an taobh a-muigh, bidh am plana air obrachadh tron làraich-lìn, cleachdadh làraichean mheadhanan sòisealta m.e. Facebook, Twitter agus Ionad Gàidhlig 'Furan' san Òban.
- 12.3 Leanaidh a' Chomhairle a' toirt aoigheachd do agus a' furastachadh an fhòraim Ghàidhlig air-loidhne. Bidh seo na phrìomh innleachd airson am plana adhartachadh gu com-pàirtichean planaidh coimhearsnachd agus buidhnean Gàidhlig is daoine fa leth ag obair tarsainn agus taobh a-muigh Earra-Ghàidheal is Bòd.

13 Uallach a' Phlana

- 13.1 Tha uallach iomlan a' Phlana a' laighe leis an Àrd-Oifigear agus an Stiùiriche Poileasaidh do Fhoghlam is Gàidhlig.
- 13.2 Is e Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach, an t-àrd-oifigear le uallach obrachail airson ullachadh agus sgrùdadh a' phlana a stiùireadh.
- 13.3 Bu chòir do cheistean mu obrachadh a' Phlana bho latha gu latha a bhith air an conaltradh gu gaelic@argyll-bute.gov.uk agus air an co-òrdanachadh le Ceannard Sheirbheisean Taic Luchd-ceannach.